

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleam@bbc.co.uk. This is Litir 613. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 309 corresponds to Litir 613.

Bha mi ag innse dhuibh an t-seachdain sa chaidh mun òran *Fòghnan na h-Alba* a chaidh a sgrìobhadh le bàrd Loch Fìne, Eòghann MacColla. Bha mi anns an sgìre san do rugadh e o chionn ghoirid agus tha e follaiseach gu bheil dualchas air leth Gàidhealach ann. 'S iad ainmean-àite Gàidhlig a tha a' còmhachadh na tìre. Bha mi a' dèanamh beagan obrach le daoine aig Ach' an Droighinn, seann bhaile beag Gàidhealach a thathar a' glèidheadh mar thaigh-tasgaidh. Agus chunnaic mi an liosta de dhaoine a bha a' fuireach anns a' bhaile sin ann an ochd ceud deug, ochdad 's a h-aon (1881). Bha Gàidhlig aig a h-uile duine aca.

Tarsainn a' mhonaidh bho Ach' an Droighinn tha baile beag air a bheil *An Ceann Mòr* no *Kenmore*. Tha carragh-cuimhne ann do dh'Eòghann MacColla no *Evan MacColl, the Loch Fyne Bard*, mar a th' aca air ann am Beurla. Rugadh MacColla air a' Cheann Mhòr ann an ochd ceud deug 's a h-ochd (1808). Chaidh an carragh-cuimhne a chur suas dha ann an naoi ceud deug is trithead (1930), agus Mac Caillein Mòr, Diùc Earra-Ghàidheal, ga fhoillseachadh.

'S ann ri obair-fearainn agus iasgach a bha Eòghann nuair a bha e òg ach bha e follaiseach gun robh tàlant aige airson sgrìobhadh. Bhiodh e a' sgrìobhadh an dà chuid ann an Gàidhlig is Beurla. Anns na tritheadan thòisich e air dàin fhaighinn ann an clò agus fhuair e cruinneachadh dhen stuth Ghàidhlig aige air fhoillseachadh fon tiotal *Clàrsach nam Beann*. 'S e sin as coireach gun robh am frith-ainm air – “Clàrsair nam Beann”.

Bha màthair Eòghainn à Comhghall agus tha e coltach gun robh Eòghann fhèin gu math measail air an sgìre sin air taobh thall Loch Fìne. Tha cuid dhen bheachd gur e Moladh Abhainn Ruaile – ann an Comhghall – an dàn as fheàrr a sgrìobh e.

Dh'fhalbh teaghlach Eòghainn a dh'fhuireach ann an Canada ann an ochd ceud deug, trithead 's a h-aon (1831) ach dh'fhuirich Eòghann ann am Breatainn. Chaidh e a dh'obair ann an Liverpool mar chlaric ann an seirbheis na cusbainn. Dh'fhuirich e an sin gu ochd ceud deug is caogad (1850). Bha e a' fulang droch shlàinte an uair sin. Chaidh e a thadhal air na càirdean aige ann an Canada agus chaidh obair a thabhann dha ann an seirbheis na cusbainn ann an Kingston, Ontario. Ghabh e rithe agus dh'fhuirich e ann an Canada. Bha e airson ùine na bhàrd aig Comann an Naoimh Anndra ann an Kingston. Ràinig e deagh aois, a' faighinn bàs ann an ochd ceud deug, naochad 's a h-ochd (1898).

Ged a tha carragh-cuimhne ann dha air cladach Loch Fìne (tha e ann an àite iomallach air nach bi mòran a tadhal), 's e a bhàrdachd as motha a chumas ann an cuimhne dhaoine e. Cuiridh mi crìoch air an Litir le rann bho *Moladh Abhainn Ruaile* – agus **tha mi an dùil 's an dòchas** gum bi na bric a' snàmh innte fhathast!

A mhuime nam breac, feuch siud iad a' gleac, Rid chaislichean sneachd-gheal, steallaireach; An seo iad a' leum an coinneamh na grèin – Mo cheist air na laochain gheal-tharrach! O, iasgair, bi clis! Siud fear dhiubh a-nis fo dhubhar a' phris ud feitheamh ort; Cuir cuileag gun dàil na rathad mas àill leat fhaicinn an càs nach laghach leis.

* * * * *

Faclan na Litreach: fòghnan: *thistle*; Ach' an Droighinn: *Auchindrain*; Comhghall: *Cowal*; Moladh Abhainn Ruaile: [*In praise of the River Ruel*].

Abairtean na Litreach: bàrd Loch Fìne, Eòghann MacColla: *the Loch Fyne bard, Evan MacColl*; a' còmhdachadh na tìre: *covering the land*; a thathar a' glèidheadh mar thaigh-tasgaidh: *that is being preserved as a museum*; agus Mac Cailein Mòr, Diùc Earra-Ghàidheal, ga fhoillseachadh: *with the clan chief of the Campbells, the Duke of Argyll, unveiling it*; 's e sin as coireach gun robh am frith-ainm air: *that's why he had the nickname*; dh'fhalbh teaghlach Eòghainn a dh'fhuireach ann an Canada: *Evan's family left to live in Canada*; mar chlaric ann an seirbheis na cusbainn: *as a clerk in the customs service*; chaidh e a thadhal air na càirdean aige: *he went to visit his relatives*; ghabh e rithe: *he accepted it [fem]*; bha e airson ùine na bhàrd aig Comann an Naoimh Anndra: *he was for a time the bard of the St Andrews Society*; ràinig e deagh aois: *he reached a good [advanced] age*; 's e a bhàrdachd as motha a chumas ann an cuimhne dhaoine e: *it is primarily his poetry that keeps him in people's memory*; a mhuime nam breac, feuch siud iad a' gleac: *foster-mother of the trout, see them there as they fight*; rid chaislichean sneachd-gheal, steallaireach: *with your snow-white, splashing shallows*; na laochain gheal-tharrach: *the white-bellied heroes*; siud fear dhiubh a-nis: *there's one of them now*; fo dhubhar a' phris ud feitheamh ort: *under the shade of that bush, awaiting you*; cuir cuileag gun dàil na rathad: *send a fly his way without delay*; mas àill leat fhaicinn an càs nach laghach leis: *if you wish to see it in a plight it won't enjoy*.

Puing-chànain na Litreach: *Traditional Gaelic bàrdachd often has wonderful internal rhyming or assonance in addition (and sometimes in place of) the rhyming at the end of a line so well-established in English (and Gaelic) language poetry. I have here italicized the internal rhymes in the piece I selected for the final paragraph of the Litir. Read the verse out loud to yourself and listen to those rhymes and rhythms – they are complex and extremely satisfying. A mhuime nam breac, feuch siud iad a' gleac, Rid chaislichean sneachd-gheal, steallaireach; An seo iad a' leum an coinneamh na grèin – Mo cheist air na laochain gheal-tharrach! O, iasgair, bi clis! Siud fear dhiubh a-nis fo dhubhar a' phris ud feitheamh ort; Cuir cuileag gun dàil na rathad mas àill leat fhaicinn an càs nach laghach leis.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: **tha mi an dùil 's an dòchas** gum bi na bric a' snàmh innte fhathast: ***I hope and expect*** that the trout will be swimming in her yet.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA